



AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

GIBLEAN 2020 / APRIL 2020

TEACHDAIREACHD BHON ÀRD OIFIGEAR

Cha bheag an t-atharrachadh a tha air tighinn air ar saoghal anns na beagan sheachdainean a dh' fhalbh, mar thoireadh air a' Choròna-bhìoras. Tha dùbhlain agus duilgheadasan nach gann air nochdadh, 's gu dearbha chan eil e coltach gun till cùisean chun na h-àbhaist anns an aithghearrachd. Chan fhaigh mi fhèin seachad air cho luath 's a dh' atharraich cùisean bhon bha Coinneamh Bhliadhna a' Chomuinn ann air an 13mh den Mhàirt, ann an Inbhir Nis. Bha sinn an teas-meadhain obair-ullachaidh is deasachaidh mu choinneamh Mòd na bliadhna-sa. A-nise, ge-tà, tha ar luchd-obrach, mar a tha gu leòr eile, ag obair bhon taigh. Tha Oifisean Steòrnabhaigh agus Inbhir Nis falamh, agus 's ann mar sin a dh' fhanas cùisean gus an tig fios air a chaochladh.

Cho-dhùin Bòrd Stiùiridh a' Chomuinn nach tèid Mòd na bliadhna-sa, ann an Inbhir Nis air adhart; co-dhùnadh air leth duilich, agus tha e na bhriseadh dùil dhuinn uile. Thathas air co-dhùnadh cuideachd, gur ann an Inbhir Nis a bhios Mòd 2021. Bithear a' dol a' Pheairt ann an 2022, Pàislig ann an 2023 agus dhan Òban ann an 2024. Bidh sinn a' sgaoleadh tuilleadh fiosrachaidh anns na beagan làithean ri teachd mu na cinn-là.

A dh' aindeoin nan duilgheadasan a tha suidheachadh leithid seo air adhbharrachadh, tha e cuideachd na thlachd na cothroman fhaicinn a tha air tighinn am bàrr. Tha daoine air dòighean ùra a lorg airson iomadh rud a choileanadh agus airson spiorad a chumail aig ìre. Tha saoghal ùr air loidhne mu ar coinneamh. Tha ionnsachadh agus teagasg a' dol fad is farsaing, le buidheanan agus daoine fa-leth air dòighean inntinneach agus ionmhalta a lorg airson coimhearsnachdan a thogail agus conaltradh a chumail ri daoine de gach aois.

Tha An Comunn Gàidhealach an-dràsta a' meòrachadh air na cothroman a tha ri fhaotainn airson brath a ghabhail air goireasan air loidhne, feuch conaltradh agus tachartasan a chur air dòigh airson teaghlach a' Mhòid agus coimhearsnachd na Gàidhlig. Tha sinn a' dèanamh fiughair ri sùil a thoirt air roghainnean a bhios gu buannachd na Gàidhlig agus a cultair anns na làithean ri teachd; Coròna-bhìoras ann neo às.

Tha e na bhriseadh-dùil air leth dhuinn nach bi teaghlach a' Mhòid a' coinneachadh ann an da-rìreabh am bliadhna ann an Inbhir Nis. Anns an eadar-ama, tha mi an dòchas gu bheil sibh fhèin, ur càirdean is luchd-dàimh gu math agus falainn. Bidh sinn, le mòran fiughair, a' coinneachadh ann am prìomh bhaile na Gàidhealtachd ann an 2021.

Seumas Greumach
Àrd Oifigear



#cleachdi
aigantaigh

MESSAGE FROM THE CHIEF EXECUTIVE

The Global Coronavirus pandemic within the UK and Scotland has left us all living in changed days with concerns and challenges to be negotiated in the months ahead. From our own organisation's point of view, it's hard to believe how things have changed so dramatically since An Comunn Gàidhealach's Annual General Meeting in Inverness on Friday 13th March. Having gone from preparing and planning for another Royal National Mòd, our staff, like many of you are now working from home with our offices in Stornoway and Inverness now vacant until restrictions are lifted.

In light of the current situation, An Comunn Gàidhealach's Board of Directors made the difficult decision to cancel this year's Royal National Mòd in Inverness. The decision was also taken that the 2021 Royal National Mòd will be hosted in Inverness, with the rescheduling of future Mòds in Perth to 2022, Paisley to 2023 and Oban to 2024. Keep an eye out for further details on the rescheduled dates in the coming days.

Challenges like these are not without opportunity. With most crises comes positivity and new ways of thinking. It has been so encouraging to see the opportunities that the current pandemic had presented and the creativity that has been displayed. We are now functioning in a new online world, being entertained and educated on-screen with organisations and individuals thinking of new ways to reach people and engage with others.

We, ourselves, are currently looking at opportunities and the potential that exists to make the best use of online resources to engage with our Mòd and Gaelic community. We are excited to be exploring options, not just in response to a difficult situation, but in a way that will have a positive impact on the language and culture going forward.

We are deeply saddened that the Mòd community won't be able to come together as normal this year in Inverness. In the meantime, I hope that you and your families are keeping safe and well and, we look forward to meeting together again in Inverness in October 2021.

James Graham
Chief Executive



TAING DO LUCHD-OBRAICH BUNAITEACH

Tha sinn an dòchas gu bheil sibh uile gu math, sàbhailte agus a' fuireach aig an taigh!

Tha sinn cho fortannach leis na tha deth luchd-obrach bunaiteach a tha fhathast ag obair, gus sinne uile a dhìon.

Tha sin a' gabhail a-steach luchd-obrach an t-Seirbheis Slàinte Nàiseanta, luchd-obrach dachaighean cùram, feadhainn a tha ag obair ann am bùithean bidhe, am Posta Rìoghail agus seirbhisean-libhrigidh eile, feadhainn a bhios a' dràibheadh làraidhean gus nithean mar biadh agus stuthan slàinte a sgaoileadh agus mar sin air adhart - tha iomadach neach ann a tha fhathast ag obair airson sinne a chumail sàbhailte agus comhairteil aig an taigh, agus bu mhath leinn taing a thoirt dhaibh uile.

Tha mòran air seo a dhèanamh mu thràth air feadh na meadhanan sòisealta, ach bu mhath leinne a dhèanamh cuideachd, anns a' Ghàidhlig.

Le sin, nach cuir sibh bhideo goirid thugainn air duilleag Facebook a' Mhòid no air post-dealain gu marina@ancomunn.co.uk ag innse cò dha tha sibh a' toirt taing, a cleachdadh **#gaisgichcorona**

Faodaidh sibh taing a thoirt dha cuideigin sònraichte, m.e. nurs no dotair no cuideigin anns an teaghlach agaibh a tha ag obair ann am bùth-bidhe, ann an dachaigh cùram no teachdaireachd a' toirt taing dhan a h-uile duine mar seo anns an fharsaingeachd - bidh a h-uile teachdaireachd gu feum.

Tapadh leibh!



THANKS TO OUR KEY WORKERS

We hope you are all safe and well and staying at home!

While many of us are at home under the lockdown, we are so fortunate that there are still so many key workers who are working harder than ever to protect us all.

That includes all NHS workers, care home workers, retail workers, Royal Mail and other delivery workers, lorry drivers who are busy transporting food and NHS supplies and all the other key workers who are working hard to ensure we are safe and comfortable at home and we would like to say a very big thank you to each and every one of them.

There are already numerous messages and videos circulating social media thanking the key workers and rightly so. We would like to do the same using our page, but completely in Gaelic.

So we would love it if you could post a short video onto our Facebook page, or send it to marina@ancomunn.co.uk with a message of thanks, using **#gaisgichcorona**.

You can do it individually, as a family, using music or whatever! You can thank someone in particular such as a family member or friend who may work in the NHS, in a supermarket etc. or just a message of thanks to all key workers in general - all messages are appreciated. Let's show our appreciation to all our fantastic key workers.

Thank you!



www.ancomunn.co.uk

BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidh ma bhios sibh a' frithealadh mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlaibh air:

www.ancomunn.co.uk

Ballrachd:

£15 (inbhich)

£5 (oileanaich)



AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach? All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

<https://enter.ancomunn.co.uk/>

Membership

£15 (adults)

£5 (students)

SEANAIL YOUTUBE A' MHÒID

Tha sinn air bhideothan ùra a chur air seanail YouTube a' Mhòid. Thigeadh chun t-seanail airson am faicinn agus fo-sgrìobh an sin!

'S e 'Am Mòd Nàiseanta Rìoghail' ainm an t-seanail. Gheibhear e [an seo](#).

MOD YOUTUBE CHANNEL

We've added new videos to our YouTube channel. Head to the page to view then and subscribe!

'Am Mòd Nàiseanta Rìoghail' is the name of our YouTube page.



Bruthaibh air an logo airson tadhail air seanail YouTube a' Mhòid.

BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

A chàirdean agus a bhanachàirdean còire - tha mi an dòchas gu bheil sibh a' cumail slàn agus sàbhailte; agus a' lorg dòighean cruthachail neo furtachail gus dèiligeadh ris an 'àbhaisteachd ùr' - 'new normal' - cho neònach agus impidheach dhuinn uile.

Ach abair làithean earraich àlainn a thog ar cridhe tron Chàisg co dhiù. Tha mi air a bhith a' meòrachadh mu bhrìgh an fhacail Ghreugais 'Ανθολογία, 'anthology' - 'tagadh fhilùraichean' gu litireil - air 'cruinneachadh bàrdachd'. Sna mìosan romhainn, bu mhath leam grunn roghainnean bhàrd agus dhàn mhòr-chòrdte dhomsa a thairgse dhuibh san 'Oisean' seo.

Air a' mhìos seo, tha mi airson tòiseachadh le moladh agus tabhartas do shàr ro-theachdaire gu dearbh: an t-Urr. Ruairidh MacDhòmhnail, a choisinn Crùn a' Bhàird ann an 1977 - oir tha sinn a' comharrachadh, am bliadhna-sa, ceud bliadhna on a rugadh e ann an 1920.

Chruthaich Ruairidh MacDhòmhnail iomadh cruinneachadh bàrdachd, ach is dòcha gur e adhbhar as brìgheile a' chliù aige an t-euchd mhìorbhailich litreachais a rinn e: eadartheangeachadh na bàrdachd uileadh le Raibeart Burns gu Gàidhlig - leis a rannachadh agus meatarachd slàn. Fhuair mi lorg air a' chruinneachadh seo nuair a bha mi a' lorg dreachd Gàidhlig de "Ca' the Yowes" ("Trùis na h-Oisgean") airson Còisir Lunnainn o chionn deichead, airson a' chlàr acasan 'Sia Fichead', a nochd ann an 2011.

Tha an liut aig MacDhòmhnail mar eadartheangaiche co-ionnan ris a' thàlant mar bhàrd. Tha e duilich a-mhàin aon phìos a thaghadh, ach is fìor thoil leam am fear a leanas. Seo dhuibh a' chiad rann an òrain bhòidhich "O wert thou in the Cauld Blast". Cuiridh e an cèill gu tiomhaidh an fhaireachdain-dìon a gheibh sinn à cho-fhàs gaolach - nach eil ceadaichte dhuinn aig àm 'social distancing'.

"Nan robh thu anns a' chabhadh fhuar
A-muigh air raoin, a-muigh air raoin,
Lem bhreacan 'n aghaidh fearg an fhuach
Bheirinn dhut dìon, bheirinn dhut dìon;
'S nan tigeadh stoirmean garg mi-shealbh
Gad chur gu là, gad chur gu làr,
Bhiodh m'uchd na fhasgadh dhuit gu dearbh,
An làn chompairt, an làn chompàirt."

San dealachadh, seo dhuibh pìos goirid dòchasach a sgrìobh mi agus a chuir mi suas air na 'meadhanan sòisealta' seachdain seo chaidh (oir cha tèid againn air 'nochdadh gu poblach' san àm ach san dòigh seo!) An dòchas gun tabhann seo beagan misneachd - agus, ri taobh, sealladh breagha dol-fodha na grèine air tràigh Fhròboist, Uibhist a Deas. An ath mhìos, bheir mi sùil measail air dàin le grunn bhàird Uibhistich.

Cadal dòchasach

Làighe na grèin',
ròs na h-oidhche,
ciaradh an là:
rionnag nan speur,
gealach as boidhche,
is camhanach nas fheàrr.

Sandaidh NicDhòmhnail Jones 2020

Beannachdan cridheil. Sandaidh

Gheibh sibh barrachd fios air an làrach-lìn agam:
<https://sandaidhnicdholmhnailjones.com/>

www.sandaidhnicdholmhnailjones.com

#cleachdi
aigantaigh

BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Dear Friends - I do hope you are all keeping safe and well; and finding creative or comforting ways to cope with this 'new normality' - which is far from normal, but very strange and constraining for all of us.

But at least we had some glorious sunny spring weather to lift our spirits over Easter. I have been reflecting on the meaning of the Greek word 'Ανθολογία,'anthology' - literally, a 'flower collection', the term for a collection of poetry. In the coming months I'd like to offer, in this 'bard's corner' a few selections of poets and writings I particularly enjoy.

This month, I'd like to start with an appreciation and tribute to a truly remarkable predecessor: Rev Ruairidh MacDhòmhnaill, who was Crowned Bàrd in 1977 - for, this very year, we mark the centenary of his birth in 1920.

Ruairidh MacDhòmhnaill produced several volumes of poetry, but the most significant source of his deserved reputation is probably his majestic literary accomplishment of translating into Gaelic the entire works of Robert Burns - with the rhythms and rhymes fully rendered. I first came across this remarkable work when seeking a Gaelic version of "Ca' the Yowes" for the London Gaelic choir to perform and record (on their 2011 CD 'Sia Fichead').

His flair as a translator is a full match for his own bardic gifts. It is hard to choose just one of the translations, but here is the first verse of Burns' lovely "O wert thou in the Cauld Blast", a personal favourite. It perhaps captures rather poignantly the protective comfort we crave from the loving embrace which these times of 'social distancing' deny us.

"O wert thou in the cauld blast,
On yonder lea, on yonder lea,
My plaidie to the angry airt,
I'd shelter thee, I'd shelter thee;
Or did misfortunes bitter storms
Around thee blaw, around thee blaw,
They bield should be my bosom,
To share it a', to share it a'."

May I close by offering you a short, optimistic piece that I wrote and posted on social media last week (the closest we can currently get to 'public appearances'!) - I hope it might lift spirits a little, along with this picture of a beautiful South Uist sunset over Frobost beach. Next month, I'd like to cast a respectful eye over poems by some Uist bards.

Hopeful sleep


Sun's setting,
evening's blush,
the daylight fades:
stars of the heavens,
moon's silver flush
and a better dawn awaits.

Sandaidh NicDhòmhnaill Jones 2020

Warm good wishes. Sandy

There is more information on my website:
<https://sandynicdhomhnailljones.com/>

www.sandaidhnicdhomhnailljones.com



Aig àm nuair a tha sinn aig an taigh beagan a' bharrachd nan àbhaist is cuid gun Ghàidhlig mu chuairt orra, thig sinn còmhla is bheir sinn cothrom dha chèile Gàidhlig a chleachdadh. 'S dòcha gu bheil thu a' dèanamh Gàidhlig sa sgoil no ag ionnsachadh a' chànain ach chan eil cus Gàidhlig aig na daoine mu chuairt ort? No fiù 's, tha làn-chlaiginn aig gach duine san taigh ach cha bhi sibh ga bruidhinn còmhla? Tha an t-àm air tighinn is sinn uile a' dol a ghabhail uallach airson 's gun #cleachdiaigantaigh.

Tha iomairt **#cleachdiaigantaigh** an ath cheum den iomairt **#cleachdi** a chaidh a chur air bhog san Dàmhair 2019.

Cò dha a tha e?

Duine sam bith! Sgoilearan, daoine òga, oileanaich, daoine a tha ag ionnsachadh a' chànain, daoine a tha a' fuireach leotha fhèin, teaghlachan, buidhnean coimhearsnachd, buidhnean nàiseanta...

Dè nì daoine leis?

Rud sam bith a thogras iad ach sa Ghàidhlig cho fad 's a 's urrainn dhaibh.
Eisimpleirean de rudan a dh'fhaodadh sinn a phutadh:

Feuchaibh air dùbhlain aig an taigh leis an teaghlach agus bheir air teaghlachan eile fheuchainn cuideachd.

Smaoinich sa Ghàidhlig fhad 's a tha thu a' dèanamh cupa ti dhut fhèin sa mhadainn no ma tha thu a' cunntadh rudeigin, cleachd àireamhan Gàidhlig.

Cuiribh fòn do chuideigin air a bheil thu eòlach le Gàidhlig is #cleachdi

Feuchaibh stòiridh Instagram sa Ghàidhlig

Ionnsaich abairt Gàidhlig dha phàrantan/caraidean no fiù 's nàbaidhean thairis an fheansa.

Na Meadhanan Sòisealta

Thèid an hashtag a chleachdadh air gach lìonra shòisealta: Twitter, Instagram, Facebook, LinkedIn, TikTok, Youtube msaa. Ma chleachdas sinn uile an hashtag #cleachdiaigantaigh, faodaidh sinn an uairsin sùil a chumail air na tha daoine eile a' dèanamh is na beachdan a th' air a bhith aca. Chì sinn cuideachd dè cho soirbheachail 's a tha an iomairt.

#cleachdiaigantaigh **#cleachdi** **#gàidhlig**

Tha GIF ri fhaighinn air Instagram cuideachd. Cuiribh "bng" no "gaidhlig" a-steach gu Instagram is chì sibh e.

Twibbon

Bidh an coimeas aig daoine grafig beag no Twibbon a chuir air na dealbhan profile/còmhdach air na meadhanan sòisealta. Leis a-seo, chithear cia mheud daoine a tha air seo a dhèanamh is dè cho soirbheachail 's a tha an iomairt.

Bòrd na Gàidhlig

Tha BnG air a bhith ag obair le diofar bhuidhnean, tidsearan is ùghdarrasan gus goireas a chruthachadh airson sgoilearan is pàrantan a chuireas ris an iomairt. Gheibhear lorg air an duilleag air làrach-lìn BnG far am faighear stòras le diofar cheanglaichean gu buidhnean a bhios a' tabhainn taic, beachdan is tachartasan às dèidh na sgoile.



At a time when we are in our homes a bit more than usual and some of us don't have anyone around us with Gaelic, we will come together, and we will give everyone the chance to use their Gaelic. Maybe you're doing Gaelic at school or you're a learner and there aren't many people around you at home to speak to in the language? Or maybe, you're in a home full of Gaelic but don't speak it to one another?

The time has come, and we will all take the responsibility to #cleachdiaigantaigh / #useitathome.

#cleachdiaigantaigh / #useitathome is a follow-up to **#cleachdi** which was launched in October 2019.

Who is it for?

Everyone! Pupils, young people, students, learners, people living alone, families, community groups, national organisations...

What will people do with it?

Anything they would like to but we hope everyone uses as much Gaelic as they can whilst doing it. Examples of things we could encourage people to do:

Try a family challenge and then challenge other families to try it

Think in Gaelic while you are making yourself a cup of tea or use Gaelic numbers when you're counting something

Phone somebody you know with Gaelic and **#cleachdi / #useit**

Try an Instagram story in Gaelic

Teach a Gaelic phrase to your parents/friends or even your neighbours over the fence.

Social Media

The hashtag can be used on each social media platform:

Twitter, Instagram, Facebook, LinkedIn, TikTok, Youtube etc.

If everyone uses the hashtag, we can see what others are doing at home which then might give people ideas of what to do. We can also monitor how well the campaign is doing.

#cleachdiaigantaigh
#useitathome

#cleachdi
#useit

#Gaelic
#gaelic

There has been a GIF created for Instagram too. Search "**bng**" or "**gaidhlig**" and you'll find it.

Twibbon

People can add a small image of the hashtag or Twibbon on their profile pictures/cover photos.

We can also monitor how many people have used this.

Bòrd na Gàidhlig

BnG have been working with different groups to create a resource online for pupils and parents which will support the initiative. You can find a page on BnG website with a programme of after school activities as well as links to other ideas and events.

01-03 MAY 2020



We can't gather in Ullapool this spring, but Fèis Rois invites people of all ages to come together online. Join us for a weekend of tuition and concerts from some of Scotland's leading traditional musicians.

All workshops and concerts will take place on Facebook Live. You do not need a Facebook account to be able to enjoy taking part.

FRIDAY 01 MAY

WORKSHOPS
10:00 **Fiddle** with **Duncan Chisholm**
12:00 **Small Pipes** with **Mairearad Green**
14:00 **Accordion** with **John Somerville**
16:00 **Gaelic Song** with **Eilidh Mackenzie**

CONCERT
21:00
Brian Ó hEadhra and **Fiona Mackenzie**
Singing songs from their acclaimed new album, *Tuath*

SATURDAY 02 MAY

WORKSHOPS
10:00 **Fiddle** with **Lauren MacColl**
12:00 **Whistle** with **Ali Levack**
14:00 **Keyboard** with **James Ross**
16:00 **Harmony Singing** with **Corrina Hewat**

CONCERT
21:00
Lauren MacColl and **Ewan MacPherson**
Tunes and songs where Lauren will perform a brand new tune to be auctioned over the weekend.

SUNDAY 03 MAY

WORKSHOPS
10:00 **Fiddle** with **Iain Fraser**
12:00 **Harp** with **Corrina Hewat**
14:00 **Guitar** with **Anna Massie**
16:00 **Scots Song** with **Siobhan Miller**

CONCERT
20:00-23:00
Fèis Tutor Concert
Recreating a typical Fèis Tutor Concert with different musicians performing every 15 minutes. See separate flyer for details.

JOIN IN: www.facebook.com/feisrois

COST: There is no obligation to pay, but Fèis Rois welcomes any donations at this difficult time for freelance artists and small organisations. For those who can afford to donate, we suggest a minimum of donation of £5 per workshop or concert viewed. You can contribute at www.justgiving.com/feisrois or www.feisrois.org/get-involved/support-us/



ALBA | CHRUTHACHAIL

Fèis Rois is a charity (SC017647) registered at 16/17 High Street Dingswall, IV15 9R1

#cleachdi
aigantaigh

03 MAY 2020

THE TUTOR
CONCERT

VIRTUAL
ÈIS ROIS
WEEKEND

The Tutor Concert is the highlight of any residential Fèis course. It is a unique experience bringing together many of the country's finest traditional musicians on one stage in a combination that is never again repeated. Although we can't be together for this in Ullapool, we are delighted to have programmed a virtual Tutor Concert featuring people who have taught at Fèis Rois over the years.

SUNDAY 03 MAY 20:00-23:00

- 20:00 – 20:10 **Donald Shaw** and **Karen Matheson**
20:15 – 20:25 **Adam Sutherland** and **Emma Tomlinson**
20:30 – 20:40 **Mischa Macpherson** and **Kim Carnie**
20:45 – 20:55 **Hecla:** **Ailis Sutherland** and **Ilona Kennedy**
21:00 – 21:10 **Anna Massie**
21:15 – 21:25 **Siobhan Miller** and **Euan Burton**
21:30 – 21:40 **Ingrid Henderson** and **Iain MacFarlane**
21:45 – 21:55 **Claire Mann** and **Aaron Jones**
22:00 – 22:10 **Mairi Campbell** and **Dave Francis**
22:15 – 22:25 **Calum MacCrimmon** and **Laura-Beth Salter**
22:30 – 22:40 **Findlay Napier** and **Gillian Frame**
22:45 – 22:55 **Anna-Wendy Stevenson** and **Simon Bradley**
22:55 – 23:00 **Fiona Dalgetty, Fèis Rois**

JOIN US: www.facebook.com/feisrois

You do not need a Facebook account to access this concert.

If you enjoy the music you have heard during the concert, please consider visiting the artists' websites and buying an album. This really helps at this time.



ALBA | CHRUTHACHAIL
Fèis Rois is a charity (SC017647)
registered at 16/17 High Street Dingwall, IV15 9RU

#cleachdi
aigantaigh

Chaidh goireas ùr a tha ag amas air Gàidhlig a thoirt do luchd-ionnsachaidh aig an tràth-ìre a chur air bhog tràth. Tha dùil gun lion seo am beàrn a dh'adhbharaich dùnadh chròileagan 's sgoiltean ri linn tinneas a' Choronabhìoras.

Fhuaradh a' chiad sealladh de Ghàidhlig nan Òg an-uiridh aig còmhail An Alltain do luchd-obrach ann am Fòghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Bha dùil gun deigheadh a chur air bhog san Lùnastal 2020, ach chaidh a thoirt air adhart airson cuideachadh le ionnsachadh dachaigh. Chaidh an làrach-lìn a chruthachadh leis a' bhuidheann ghoireasan Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha an goireas ag amas air pailteas stòrasan cuspaireil a bhith aig pàrantan/luchd-cùraim agus luchd-obrach san tràth-ìre, agus bithear an dòchas gun cuidich seo clann aig an ìre ron sgoil gu bhith a' to-gail na Gàidhlig.

Tha Gàidhlig nan Òg a' gabhail a-steach thaisbeanaidhean airson faclan agus abairtean ionnsachadh agus tha faidhlichean fuaim nan cois, a bharrachd air dealbhan, òrain, stòiridhean agus obair. Tha iad a' leantainn trì ìrean ann an adhartas cànan. Tha stiùireadh sa ghoireas le molaidhean air an dòigh as fheàrr air a chleachdadh.

Ged a tha e ag amas air luchd-obrach aig an tràth-ìre san obair aca gach latha còmhla ri clann 0-5, bidh Gàidhlig nan Òg cuideachd na thaic do dh'inbich a tha ag ionnsachadh, feadhainn a tha ag ùr-thòiseachadh agus pàrantan a tha airson taic a chumail ris a' chloinn aca aig an taigh co-dhiù tha am pàrant ag ionnsachadh, nas adhartaiche no fileanta.

Tha an goireas air a roinn na chuspairean mar an t-aodann agus a' bhodhaig, àireamhan, dathan, gnìomhan làitheil, an t-side, beathaichean agus peataichean, ionnsachadh a-muigh, Oidhche Shamhna, an Nollaig, rannan chloinne agus òrain thraidiseanta. Tha sgrìobhainn tragaidh ann cuideachd, ma bhios duine a' cur feum air. Dh'fhaodadh luchd-obrach aig an tràth-ìre sin a chleachdadh airson adhartas pàiste a chlàradh agus a chur gu co-obraichean agus pàrantan.





EARLY LAUNCH FOR NEW GAELIC WEBSITE FOR THE YOUNGEST LEARNERS

A new resource aimed at teaching Gaelic to learners in the early-years environment has been launched early, to help fill the gap caused by the closure of Gaelic nurseries and Pre-school education settings amid the Coronavirus pandemic. Gàidhlig nan Òg, previewed at last year's An t-Alltan conference for Gaelic Medium Education (GME) practitioners, was due to have been launched in August 2020 but has been brought forward to help the home-learning community. The website has been created by Gaelic educational resources agency Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig. The new Gàidhlig nan Òg resource can be found online at: www.gaidhlig-nan-og.scot

The resource aims to provide parents/carers and early years practitioners with an abundance of themed resources to help the acquisition of Gaelic in pre-school children. Gàidhlig nan Òg features a series of presentations to teach words and phrases plus supporting sound-files, illustrations, songs, stories and activities, matched to three stages of language progression. A guidance document with suggestions on how best to use the resource is included.

Although aimed at early years practitioners for their day-to-day interactions with children aged 0-5, Gàidhlig nan Òg will also support adult learners, including those who are completely new to Gaelic, and parents wanting to support their children on their Gaelic journey in the home, regardless of whether the parent is a beginner learner, more advanced or fluent.

The resource is presented in themes, including the face and body, numbers, colours, daily routines, the weather, animals and pets, outdoor learning, topical themes such as Halloween and Christmas, and nursery rhymes and traditional songs. It also contains an optional tracking document, which early years practitioners can use to record a child's progress and pass on to colleagues and parents.



Lasadh



lasadh.co.uk



Partaidh
co-là-breith



ad



biadh



cuireadh



cèic



càirt



baga partaidh



preusant



bailiùnaichean

Faic na goireasan as ùire againn an seo...



twitter.com/lasadhgaidhlig



facebook.com/lasadh.gaidhlig



Stòrlann

Bi Sunndach agus Seinn

Gaelic singing games for children



Over 30
SONGS ONLINE

CFE
Information
included



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

www.storlann.co.uk/bi-sunndach

#cleachdi
aigantaigh

E-STÒRAS



E-STÒRAS

Airson clann a' chumail dòigheil, nach èist sibh ri feadhainn dè na h-òrain spòrsail bho Òrain na Cloinne Bige.

Seo *Air Là Brèagha Samhraidh*, tha faclan agus gnìomhan an òrain an cois agus faodaidh sibh uile seinn agus dannsa còmhla.

To help with keeping the kids busy why not listen one of amazing songs from Orain na Cloinne Bige.

Here is *Air Là Brèagha Samhraidh*, we have provided the lyrics and actions to the song so you can sing and dance along.

Òrain na Cloinne Bige app available on Apple store and through the Òrain na Cloinne Bige Website:
<http://orain-na-cloinne-bige.e-storas.com/>



GIGLETS GÀIDHLIG

Tha Giglets Gàidhlig na ghoireas litearrachd, an-asgaidh do sgoiltean, a tha a' toirt cothrom do sgoilearan ann am FtG air leabharlann air-loidhne.

Barrachd fios an-seo:
<https://bit.ly/gigletsgaidhlig>



GIGLETS GÀIDHLIG

Giglets Gàidhlig is a free-to-schools literacy resource supporting GME pupils in accessing a continuously growing online library.

More info here:
<https://bit.ly/gigletsgaidhlig> [Giglets Education](https://bit.ly/gigletsgaidhlig)



TUNES IN THE HOOSE

'S e coimhearsnachd air-loidhne saor-thoileach a th' ann an "Tunes in the Hoose", a chaidh a chruthachadh bho thòisich COVID-19. Chaidh a chruthachadh an toiseach gus cothrom a thoirt do chluicheadairean a bhith cluich còmhla agus a' coimhead a chèile air-loidhne.

Tha e a-nise air fàs gus a bhith a' toirt cothrom dhaibh a bhith ag obair agus ag ionnsachadh bho chèile, airson spòrs, ge bith càite bheil iad no dè an ìre aig a bheil na comasan aca. Chan eil mòran chothroman ann an dràsta do chluicheadairean a bhith a' taisbeanadh an tàlant an do luchd-èisteachd air feadh an t-saoghal agus chan eil mòran chothroman ann do dhaoine a bhith ag èisteachd ri ceòl beò ann an dòigh seo.

Tha 'Tunes in the Hoose' air a h-uile càil a tha seo atharrachadh, le bhith a' taisbeanadh tàlant ùr ann an Alba, a' cumail daoine beòthail agus toilichte air feadh an t-saoghal agus aig an aon àm, a' beòthachadh ceòl traidiseanta.

'B e Màrtainn Macleòid, ainmeil airson a bhith ann an Capercaillie, a thainig an àirde leis a bheachd seo, as dèidh dha bhith coimhead na bhideothan a bhiodh an cluicheadair bocsa à Sealtainn, Peadar Wood, a' cur suas gach latha is e a' cluiche na 'tunes in his hoose'.

Thòisich mac Màrtainn, Màrtainn òg, filmeadair stèidhichte ann an Glaschu, a' fighe an co-obrachadh eadar athair agus Peadar ri chèile, gus an coimhearsnachd ùr seo a thoirt ri chèile - agus seo againn 'Tunes in the Hoose.'

'S e Màrtainn òg a tha a-ruith a' phròiseact seo. Tha iad a-nise a' coimhead ri leabhraichean ciùil a thoirt ri chèile a' toirt taic dha na bhideothan, gus airgead a thogail airson taic a chumail ris a' phròiseact seo san àm ri teachd.

Tuilleadh fiosrachadh bho:
Tunes@MartinMacLeodFilms.com
www.MartinMacLeodFilms.com



'Tunes in the Hoose' is a voluntary online community, created in reaction to the COVID-19 pandemic, which initially provided Scottish Musicians the means of collaborating throughout the crisis in the form of daily, virtualized music performances.

Now, the community acts as a central hub for all musicians to connect, network, socialise, educate and learn through online participation, regardless of location or ability. At this time, there are limited opportunities for musicians to share their talents to an engaged, worldwide audience and little opportunity for audiences to see live music in this way.

'Tunes in the Hoose' changes all of that, by promoting new talent in Scotland, keeping spirits high across the globe, all whilst breathing fresh air into a traditional niche.

The original concept was thought up by Martin MacLeod Snr, a founding member of Capercaillie, inspired by Shetland accordionist Peter Wood, who was posting daily 'tunes in his hoose' whilst in isolation. The initial collaboration between Martin and Peter was stitched together by Martin MacLeod Jr, a filmmaker based in Glasgow, marking the start of the internationally-acclaimed community known as "Tunes in the Hoose."

The entire platform is run by Martin MacLeod Jr. He manages the project, whilst curating and producing the daily performances. By popular demand, we are now developing Tunes in the Hoose: Tunebooks which will accompany our videos, in order raise funds to sustain the project in the long term.

For all enquires:
Tunes@MartinMacLeodFilms.com
www.MartinMacLeodFilms.com

**INCLUSION WHEN IN ISOLATION
FOR THE SCOTTISH MUSIC FAMILY.**

**#cleachdi
aigantaigh**



AN LEÒMHANN, A' BHUIDSEACH AGUS AM PREAS-AODAICH

**An Leòmhann, A' Bhuidseach Agus Am Preas-Aodaich le
C.S. Lewis air eadar-theagachadh le Màiri Anna NicUalraig**

Air a chlàradh le Nick Turner @ Watercolour Music,
Àird Ghobhair

www.watercolourmusic.co.uk

Taic-deasachaidh
bho Ceana Chaimbeul

Le cead coibhneil an CS Lewis Co. Ltd.

GACH DIMÀIRT AGUS DIARDAOIN BHO 21/4/2020
AIG 2F BST

Facebook: www.facebook.com/LeoBuidseachPreas

Youtube: www.youtube.com/Watercolourfilms

Twitter: @AnLeomhann



The first ever Scottish Gaelic translation of the CS Lewis children's classic, The Lion, The Witch and The Wardrobe.

With Kenna Campbell, as editor, one of Mary Ann's favourite childhood stories can now be enjoyed in her mother tongue.

The broadcast rights – a special dispensation for COVID19 – allow us only to stream live, so please make a date with us on Tuesdays and Thursdays at 2pm BST to follow the Narnia adventure in Gaelic.

You'll be able to find us on Facebook and on Youtube. Once you've reached the page at these times, you'll find a link direct to the live broadcast – just click and away you go!

Facebook: www.facebook.com/LeoBuidseachPreas

Youtube: www.youtube.com/Watercolourfilms

Twitter: @AnLeomhann



NA DUaisean LITreachais 2020



Ceann-latha airson thagraidhean : 5.00f, Dihaoine 1 Cèitean 2020

Tha Na Duaisean Litreachais fosgailte do leabhraichean Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh ann an dùthaich sam bith eadar 1 Cèitean 2019 agus 30 Giblean 2020 agus a tha ann an aon de na gnèithean a leanas:

Bàrdachd - Duais Ruaraidh MhicThòmais
Ficsean - Duais Chomann Gàidhealach Lunnainn
Neo-fhicsean - Duais Dhòmhnail Meek
Clann/òigridh

Tha Na Duaisean Litreachais cuideachd fosgailte do sgrìobhadh tùsail Gàidhlig de dh'fhaid leabhair, gun fhoillseachadh air ceann-latha na farpais, agus a tha ann an aon de na gnèithean a leanas:


Sgrìobhadh airson clann/òigridh
Sgrìobhadh airson inbhich

- Feumaidh co-dhiù 50% dhen teacsa gu leir ann an tagraidhean airson nan Duaisean Litreachais a bhith sgrìobhte ann an Gàidhlig na h-Alba.
- Tha e ceadaichte do dh'ùghdar no foillsichear tagradh a chur a-steach dhan farpais.
- Feumaidh an clàr-iarrtais iomchaidh a bhith an cois gach tagradh. Luchdaich a-nuas an clàr-iarrtais airson leabhraichean foillsichte agus sgrìobhadh neo-foillsichte.
- Feumaidh pìosan sgrìobhaidh neo-foillsichte a bhith ann an cruth Word le clò 12-puing agus beàrnadh dùbailte. Bu chòir dha na duilleagan uile a bhith air an àireamhachadh, le tiotal a' phìos sgrìobhaidh orra. Cha bu chòir ainm an ùghdair a bhith air duilleag sam bith dhen tagradh (ach a-mhàin a' chlàr-iarrtais) a chionn 's gum bi na tagraidhean sin uile air am breithneachadh gu urra.-
- Air thoiseach air a' chinn-latha, bu chòir trì (3) lethbhric de gach leabhar foillsichte, le clàr-iarrtais nan cois, a chur gu:

Alison Lang, Stiùiriche, Comhairle nan Leabhraichean, 32 Sràid Achadh a' Mhansa, Glaschu G11 5QP

- Air thoiseach air a' chinn-latha, bu chòir tagraidhean airson sgrìobhadh neo-foillsichte a chur a-steach air post-d, le clàr-iarrtais nan cois, gu: alison@gaelicbooks.org.
- Gheibh tagraichean dearbhadh air post-d gun d' fhuairidh an tagradh aca nuair a ruigeas e oifis Chomhairle nan Leabhraichean.
- Is e Dihaoine 1 Cèitean 2020 aig 5.00f an ceann-latha deireannach do thagraidhean. Cha tèid beachdachadh air tagraidhean a gheibhear às dèidh a' chinn-latha sin.
- Thèid breithneachadh air na tagraidhean le pannal neo-eisimeileach. Bidh co-dhùnadh a' phannail deireannach.- Thèid gearr-liosta airson nan Duaisean Litreachais ainmeachadh anns an Lùnastal 2020.
- Thèid luchd-buannachaidh nan Duaisean Litreachais ainmeachadh aig cuirm fheasgair aig Taigh-cluiche Cottiers, Glaschu air Diardaoin 17 Sultain 2020.

Ma bhios ceistean eile agaibh, cuiribh brath gu Alison Lang air alison@gaelicbooks.org no 0141 337 6211.



THE GAELIC LITERATURE AWARDS 2020



Deadline for entries: 5.00pm, Friday 1st May 2020

The Gaelic Literature Awards are open to Scottish Gaelic books published in any country between **1st May 2019 and 30th April 2020** and in one of the following genres:

Poetry – The Derick Thomson Award
Fiction – The Highland Society of London Award
Non-fiction – The Donald Meek Award
Children / young people

The Gaelic Literature Awards are also open to original Scottish Gaelic manuscripts of book length, unpublished on the competition closing date, and in one of the following genres:



Writing for children / young people
Writing for adults

- At least 50% of the text for entries to the Gaelic Literature Awards must be in Scottish Gaelic.
- Writers and publishers are permitted to submit entries to the competition.
- Each submission must be accompanied by the relevant entry form.
- Download the entry form for published books and unpublished manuscripts.
- Entries for unpublished manuscripts must be in Word format with 12-point font and double-spaced. All pages must be numbered and include the title of the piece. The author's name must not appear on any page of the submission (except on the entry form) as those categories will be judged anonymously.
- Before the deadline, three (3) copies of published books, with an accompanying entry form, should be sent to:

Alison Lang, Director
The Gaelic Books Council, 32 Mansfield Street, Glasgow G11 5QP

- Before the deadline, entries for unpublished manuscripts should be sent by email, with an accompanying entry form, to: alison@gaelicbooks.org.
- Applicants will be sent an acknowledgement of receipt by email when their entry has been received at the Gaelic Books Council offices.
- Friday 1st May 2020 at 5.00pm is the final deadline for entries.
- Any entries received after the deadline will not be considered. Entries will be judged by an independent panel. The panel's decision will be final.
- A shortlist for the Gaelic Literature Awards will be announced in August 2020. The winners of the Gaelic Literature Awards will be announced at an evening event at Cottiers Theatre, Glasgow on Thursday 17th September 2020.

For any other questions, please contact Alison Lang at alison@gaelicbooks.org or 0141 337 6211.



FÈIS AIR LOIDHNE

A bheil ur cuid cloinne ann am FTG ach a tha a-nise aig an taigh far nach eil Gàidhlig ga bruidhinn?

Tha Fèisean nan Gàidheal a' cur air dòigh clasaichean ciùil saor an-asgaidh sa Ghàidhlig airson sgoilearan sa bhun-sgoil tron Chèitean 2020.

Airson tuilleadh fiosrachadh agus airson àite a ghlèidheadh tadhaibh air:

<https://tinyurl.com/FeiseannanGaidheal>

Do your children attend GME but are currently in lockdown in a home where no Gaelic is spoken?

Fèisean nan Gàidheal is delivering a series of whistle, singing and accordion classes for Primary School aged children, through the medium of Gaelic.

For more information and to reserve a space for your child, please go to:

<https://tinyurl.com/FeiseannanGaidheal>

Children in GME missing out on their Gaelic music lessons?



Fèis air Loidhne

Clasaichean ciùil **saor an-asgaidh** sa Ghàidhlig airson sgoilearan sa bhun-sgoil tron Chèitean 2020

Free Music Classes in Gaelic for Primary School children throughout May 2020

#cleachdi aigantaigh

ALBA | CHRUTHACHAIL

Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd 'n nan Eilean



Whistle Classes with Seonaidh Macintyre



Fìdeag le Seonaidh Mac an t-Saoir

	05.05.2020	
Dimàirt	12.05.2020	16:00 - 16:40
Tuesday	19.05.2020	
	26.05.2020	

#cleachdi aigantaigh

ALBA | CHRUTHACHAIL

Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd 'n nan Eilean



Gaelic Singing Classes with Catherine Tinney



Seinn sa Ghàidhlig le Catherine Tinney

	06.05.2020	
Diciadain	13.05.2020	16:00 - 16:40
Wednesday	20.05.2020	
	27.05.2020	

#cleachdi aigantaigh

ALBA | CHRUTHACHAIL

Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd 'n nan Eilean



Accordion Classes with Ian Smith



Bogsa-Ciùil le Ian Smith

	07.05.2020	
Diardaoin	14.05.2020	16:00 - 16:40
Thursday	21.05.2020	
	28.05.2020	

#cleachdi aigantaigh

ALBA | CHRUTHACHAIL

Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd 'n nan Eilean



#cleachdi aigantaigh

Sùil air an t-side...



Flin

smugraich uisge..

brùthadh àrd

greisean grèine...

*Gaoth bhon iar
dheas...*

Leasanan ùra bho Iain Urchardan



A' tighinn a dh'aithghearr

Beag air Bheag - Facebook



#cleachdi
aigantaigh🏠



An còrdadh e ribh dùrachd co-là-breith fhaighinn air CBeebies ALBA?

Tha sinn a' coimhead airson dùrachdan co-là-breith don fheadhainn bheaga agaibh a tha eadar 1 agus 7 bliadhna a dh'aois.

Nan còrdadh e ribh dùrachd a chur thuca, bhiodh e sgoinneil cluinntinn bhuaibh! Cuiribh post-d gu clann@bbc.co.uk leis an fhiosrachadh a leanas: ainm agus co-là-breith.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri cluinntinn bhuaibh!



Would you like to give your child a birthday shout-out on CBeebies ALBA?

We're looking for birthday shout-outs for children between the ages of 1 and 7 years old.

If you would like your child's birthday mentioned, please send an email to clann@bbc.co.uk with the following information: your child's name and their date of birth.

We look forward to hearing from you!



LEUGH IS SEINN LE LINDA

Tha Linda gu bhith a' cumail seiseanan leughaidh agus seinn air an t-seanail YouTube: Gaelic Books Council.

Bidh i a' craoladh beò gach Diardaoin aig 10m airson clann aois 0-5 agus aig 10.30 airson clann aois 5-8.

Chì sinn ann sibh!



ACAIR

Nach toir sibh sùil air na leabhraichean-èisteachd aig Acair?

Tha a' chuid mhòr an-asgaidh!

<https://bit.ly/32JDr7a>



#cleachdi
aigantaigh

LEUGH IS SEINN LE LINDA

Over the next few weeks, Linda will be hosting virtual Gaelic reading and singing workshops on the YouTube channel: Gaelic Books Council.

She'll be streaming live every Thursday morning at 10a for kids aged 0-5 and again at 10.30am for kids aged 5-8.

Chì sinn an sibh!



ACAIR

Why not have a look at Acair's audiobook selection?


Most of them are free:

<https://bit.ly/32JDr7a>



#cleachdi
aigantaigh

COMUNN NA GÀIDHLIG



An toiseach, feumaidh sibh bucas seasmhach a lorg, airson a h-uile càil a chumail. Bheir beagan ùine an uairsin airson na duilleagan a leanas a leughadh agus a lìonadh. Anns na bliadhnaichean ri thighinn, faodaidh sibh sùil a thoirt air ais air an àm seo agus 's dòcha am bucas a shealltainn do dhaoine eile!

Gu h-ìosal tha liosta de rudan a dh' fhaodadh sibh a ghhlèidheadh sa bhucas:

- Dealbhan a thog sibh
- Leabhar-latha
- Irisean bho phàipearan-naidheachd

Ìosan ealain

Uimhneachan sam bith eile

A tha sibh deiseil, faodaidh sibh àite a lorg a-muigh, a b'urrainn dhuibh toll a chladhadh agus am bucas a lìonadh, no mura h-eil an cothrom sin agaibh, dh'fhaodadh sibh a chur am falach san taigh an t-àm seo.

MISE

NA RUDAN AS FHEÀRR LEAM

Deideag: _____
Dath: _____
Beathach: _____
Bìadh: _____
Prògram Tbh _____
Leabhar: _____
Cur-seachad: _____
Àite: _____
Òran: _____

Na caraidean agam:

Nuair a dh'fhàsas mi sa taigh mi airson a bhith n

Ceann-là: _____

NA FAIREACHDANN AGAM:



NA FICAIL A THA A' MÈNACHDARI
MAR A THA MI A' FAIREACHDANN AN-DRÀSTA:



THA MI TAINCEIL AIRSON:

NA THA MI AIR JOINNSACHADH BHION
T-SUIDHEACHADH SEI:

TRÌ RUDAN A THA MI AG IARRAIDH A DHEANAMH NUAIR A THA SEO SEACHAD:

1

2

3



FAIGH BEAGAN PEANT AGUS FÀG 'HANDPRINT' A H-UILE DUINE ANNS AN TAIGH AGAIBH GU H-ÌOSAL.

CHAN EIL THU STEIGTE
AIG AN TAIGH, THA THU
SÀBHAILTE AIG AN TAIGH!

NA RUDAN A THA
MI A' DÈANAMH
GUS CUMAIL TRANG
AIG AN TAIGH

Seo cur-seachad dhuibh airson an deireadh-sheachdain - faodaidh sibh time capsule a chruthachadh!

Nuair a tha sibh deiseil cur dealbh thugainn a' sealltainn dhuinn ur bucais!

An activity for the weekend - create your own time capsule!
If anyone would like a Microsoft word format of the activity, just e-mail mairi@cna.g.org and we can send them!

An dòchas gun còrd seo ribh!

#cleachdiaigantaigh



Duilleag Ùr - CnaG na h-Eileanan an Iar

Duilleag ùr airson cur-seachadan, bhideothan, dealbhan agus spòrs eile anns nan h-Eileanan fhad 's a tha sinn uile aig an taigh.

A new page of activities, videos, photos and other fun from the Islands for while we're all at home

#cleachdi
aigantaigh



Duration:
Part time – 12 months
Learning mode: Distance learning
Start month: Spetember

STREAP: Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig Teisteanas For-cheum

Dè th' ann an Streap?

- Teisteanas teagaisg (60 puing creideis) aig ìre Masters, air a libhrigeadh le Sabhal Mòr Ostaig agus Oilthigh Obar Dheathain.
- Prògram ionnsachaidh air loidhne thar bliadhna acadaimigeach, le trì coinneamhan aghaidh-ri-aghaidh agus co-labhairtean fòn cunbhalach.
- Cothrom do chuid Ghàidhlig agus an t-eòlas agad air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a leasachadh còmhla ri tidsearan eile, luchd-oide cànain agus luchd-obrach eile a tha eòlach air FTMG
- Cothrom aig deireadh a' phrògraim barrachd chreideasan fhaighinn aig ìre 11 SCQF tro Oilthigh Obar Dheathain agus obair eile a dhèanamh gus crìoch a chur air Masters ann am Foghlam.

Tha Streap fosgailte do:

Thidsearan sgoil-àraich, bun-sgoile agus àrd-sgoile (agus luchd-obrach eile ag obair ann am FTMG) a tha air an clàradh le GTCS air neo airidh air clàradh. Aig an ìre seo, tha a h-uile cosgais air a pàigheadh le Riaghaltas na h-Alba.

Airson barrachd fiosrachaidh

Cuir post-d do sp.smo@uhi.ac.uk ono tadhal air abdn.ac.uk/education



“Tha e fìor mhath a bhith a' faighinn cothrom coinneachadh ri tidsearan eile agus daoine a tha an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus na beachdan aca a chluinntinn.”

“Deagh spòrs sna seiseanan aghaidh ri aghaidh”

“Tha e feumail faicinn ciamar a tha daoine ann am Foghlam na Gàidhlig a' teagasg.”

“Fiosrachadh inntinneach a dh'fhaodadh sinn fhèin a chleachdadh anns na sgoiltean againn fhèin.”



Duration:

Part time – 12 months

Learning mode: Distance learning

Start month: Spetember

STREAP: Gaelic Medium Education Postgraduate Certificate

What is STREAP?

- A teaching certificate (60 credit points) at Masters level, delivered by Aberdeen University and Sabhal Mòr Ostaig.
- An online learning programme, with three face-to-face meetings and regular phone tutorials, which runs over an academic year.
- An opportunity to improve your own Gaelic and your knowledge of Gaelic medium Education, working alongside others who are involved in GME including language tutors and other experienced GM staff.
- An opportunity on completion to gain further credits at SCQF Level 11 and work towards a Masters in Education award.

STREAP is appropriate for:

Nursery, primary and secondary school teachers (and others working in GM) who are registered with the GTCS. Currently, Streap is fully-funded by the Scottish Government.

Find out more

Contact us on sp.smo@uhi.ac.uk or visit abdn.ac.uk/education



“It’s great to get the opportunity to meet other teachers and people involved in Gaelic medium education and to hear their views.”

“Good fun at the face-to-face sessions.”

“Useful seeing how people in Gaelic medium education teach.”

“Interesting information that we can use in our own schools.”

IONNSAICH GÀIDHLIG!

A bheil sibh a' lorg rudeigin airson cur seachad an tìde fhad's a tha sinn aig an taigh?

Uill, tha moladh air leth againn! Mur a bheil sibh air Gàidhlig ionnsachadh gu seo, seo an t-àm!

Chan eil e a-rìamh air a bhith cho furasta cànan ùr ionnsachadh, leis gu bheil Duolingo ann a-nis.

Tha seo air a bhith air leth soirbheachail, mar sin, gabh an cothrom!

Tha e an-asgaidh cuideachd!

Ionnsaich rudeigin ùr ann an dìreach 5 mionaidean gach latha.

<https://www.duolingo.com/course/gd/en/Learn-Scottish%20Gaelic>



Tuilleadh fiosrachadh an seo / Background Info.

<https://blog.duolingo.com/scottish-gaelic-scotland-in-full-colour/>

LEARN GAELIC!

Looking for a new pastime while we are on lockdown?

We have the perfect suggestion! If you haven't learnt Gaelic yet, now is your chance!

There has never been a better time to learn a new language, with the recent introduction of Duolingo.


This method of learning has been a great success, so go for it!

Plus, it's free!

Learn something new in just 5 minutes a day

<https://www.duolingo.com/course/gd/en/Learn-Scottish%20Gaelic>

Start learning
Scottish Gaelic!



#COVIDCEILIDH

'S dòcha gu bheil sibh a' faicinn #COVIDceilidh a tha air a bhith a' dol timcheall na meadhan sòisealta bho chionn ghoirid.

'S e Donnchadh Chisealach, am fìdhleir ainmeil a thòisich seo le bhith ag iarraidh air einneadairean agus cluicheadairean traidiseanta iad fhèin a chlàradh a' seinn no a' cluiche agus a chur suas air na meadhanan sòisealta agus a' cleachdadh #COVIDceilidh.

'S e an amas a bh' aige le seo, gun cumadh an ceòl agus na h-òrain sinn dòigheil anns an àm duilich a tha seo. Tha iomadach seinneadair agus cluicheadair air pàirt a ghabhail ann an seo, le measgachadh a' nochdadh air na meadhanan sòisealta gach latha, tha e air a bhith dìreach goinneil!

'S urrainn dhuibhse a dhol na lùib cuideachd, ged a bhiodh sibh a' seinn, a' cluiche, a' dannsa no dìreach ag èisteachd!



"If Traditional musicians from all over the world use the #COVIDCeilidh hashtag daily to upload 1 track then I guess we have a global ceilidh on our hands that everyone can gain strength and peace from"

Duncan Chisholm

<https://twitter.com/DuncanWChisholm>

#COVIDCEILIDH

Many of you may already be aware of #COVIDceilidh which has been doing the rounds on social media over the last week or so.

Renowned fiddler Duncan Chisholm started the #COVIDceilidh trend by encouraging all traditional singers and musicians to record themselves and post on social media using this hashtag, as a means to entertain us and to keep positive during these difficult times. The response has been incredible, with countless artists taking to social media.

You too can join in, either by performing a song or a tune yourself or by being entertained by others.



**#cleachdi
aigantaigh**

Coròna-bhìoras



Cuir casg air!



Nigh do làmhann
tric le siabann



Fuirich 2m bho
dhaoine eile



Cuir ort masg ma
tha cnatan no
casadaich ort



Cuir nèapraigear pàipeir
mud bheul nuair a tha
thu a' dèanamh casad no
sreothart



Cuir fios chun an
dotair mura fàs
thu nas fheàrr

OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear: *Seumas Greumach*

Oifigear a' Mhòid: *Seonag Anderson*

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn: *Peigi NicIlinnein*

Oifigear a' Mhòid: *Marina NicAoidh*
(pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach
Aonad 7a
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

#cleachdi
aigantaigh 

